



Comann nan Eadar-theangairean Gàidhlig

Brath Prìobhaideachadh

'S e Smachdair an Dàta a thathar a' cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

Gus ceist no dragh sam bith a thogail mun dòigh sa bheilear a' cleachdadh ur fiosrachaidh phearsanta faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

'S e goireas air-loidhne do dh'eadar-theangairean Gàidhlig a th' ann an Comann nan Eadar-theangairean Gàidhlig, a' toirt dhaibh àrd-ùrlar airson an cuid obrach a thaisbeanadh, agus a' toirt seachad taic agus trèanadh. Tha Sabhal Mòr Ostaig an urra ri manaidsearachd fharsaing Chomann nan Eadar-theangairean Gàidhlig.

Tha am brath prìobhaideachd seo a' buntainn ris an làimhseachadh a leanas:

Iarrtas do agus ballrachd de CEG.

Tha am pròiseas seo a' gabhail a-steach cruinneachadh dàta gus iarrtas do, agus ballrachd leantainneach de, Comann nan Eadar-theangairean Gàidhlig a dhèanamh comasach.

Cleachdar an dàta agad airson nan amasan a leanas:

Amas 1: ion-roghnachd ur ballrachd a mheasadh	Gus beachdachadh air ion-roghnachd airson ballrachd de Chomann nan Eadar-theangairean Gàidhlig a mheasadh.
Amas 2: Ur comharrachadh air stòr-dàta air-loidhne de dh'eadar-theangairean	Gus ur cuid obrach agus ur fiosrachadh conaltraidh a thaisbeanadh anns an stòr-dàta aig CEG do chustamairean a dh'fhaodadh a bhith a' sireadh seirbheis eadar-theangachaidh.
Amas 3: Conaltradh leibhse	Gus conaltradh leibhse mur ballrachd, no ballrachd san amharc, den Chomann agus gnothaichean buntainneach don Chomann, mar eisimpleir, ma bhios CEG a' ruith thachartasan lìonrachaidh, co-labhairtean, no thachartasan trèanaidh.
Amas 4: Conaltradh Margaidheachd	Cuiridh CEG tuilleadh fiosrachaidh thugaibh bho àm gu àm mu thachartasan eile, co-labhairtean, cothroman trèanaidh, msaa taobh a-muigh CEG fhèin.

'S iad na h-adhbharan laghail a th' againn airson cleachdadh an dàta:



Comann nan Eadar-theangairean Gàidhlig

Brath Prìobhaideachadh

Gus na h-amasan a leanas a choileanadh: Amas 1: ion-roghnachd ur ballrachd a mheasadh

'S e ar n-adhbhar laghail airson an dàta a chleachdadh: Tha cleachdadh riatanach airson cùmhnant leibhse a chur an sàs, no gus ceumannan a ghabhail, air ur n-iarrtas, mus tèid an cùmhnant sin a stèidheachadh. An cùmhnant ga stèidheachadh eadar CEG agus eadar-theangairean airson ballrachd den chomann.

Gus na h-amasan a leanas a choileanadh: Amas 2: Ur comharrachadh air stòr-dàta air-loidhne de dh'eadar-theangairean

'S e ar n-adhbhar laghail airson an dàta a chleachdadh:

Gus na h-amasan a leanas a choileanadh: Amas 3: Conaltradh leibhse

'S e ar n-adhbhar laghail airson an dàta a chleachdadh:

Gus na h-amasan a leanas a choileanadh: Amas 4: Conaltradh Margaidheachd

'S e ar n-adhbhar laghail airson an dàta a chleachdadh: Tha sibh air ur cead a thoirt dhuinn airson an làimhseachaidh.

Air sgàth 's gu bheil sibh air cead a thoirt seachad, faodaidh sibh ur cead a tharraing aig àm sam bith le bhith a' cur post-d gu im2.smo@uhi.ac.uk.

Nam biodh gin den dàta a bheir sibh seachad a' gabhail a-steach dàta roinn-seòrsa sònraichte bithear ga chumail air an adhbhar 9(2)(a); tha sibh air cead soilleir airson làimhseachadh an dàta seo.

Nam biodh sibh a' cumail bhuainn am fiosrachadh pearsanta a chaidh iarraidh, 's e a' bhuil a bhiodh ann: Dh'fhaodte nach biodh e comasach ion-roghnachd ur ballrachd de CEG a dhearbhadh, agus dh'fhaodadh ur n-iarrtas a dhiùltadh.

Bidh, na dh'fhaodadh, ur dàta a bhith air a sgaoileadh leis na faightearan no roinnean-seòrsa de dh'fhaightear a leanas:

- Google reCAPTCHA gus an làrach-lìon a dhìon bho chleachdadh cealgach. Faicibh [Google privacy policy](#).



Comann nan Eadar-theangairean Gàidhlig

Brath Prìobhaideachadh

- Am panail measaidh gus beachdachadh air ur n-iarrtas.

Bidh ur dàta air a ghlèidheadh airson na h-ùine a leanas:

Airson bhall, cha bhi nas fhaide na mìos an dèidh crìochnachadh ur ballrachd.

Airson tagraichean nach fhaigh ballrachd, cha bhi nas fhaide na trì mìosan an dèidh a' phuist-d ag innse nach d' fhuaradh.

Is iad na còraichean a leanas còraichean cuspair an dàta:

- A' chòir inntigridh fhaighinn chun an dàta phearsanta agaibh
- A' chòir ceartachadh iarraidh ma tha an dàta pearsanta a th' againn mur deidhinn mì-cheart
- A' chòir casg a chur air làimhseachadh ur dàta phearsanta

Tha na còraichean a leanas buntainneach ann an suidheachaidhean sònraichte a-mhàin:

- A' chòir cead a tharraing aig àm sam bith mas e cead ar n-adhbhar laghail airson ur dàta a làimhseachadh
- A' chòir cur an aghaidh ar làimhseachadh den dàta phearsanta agaibh
- A' chòir iarraidh gun tèid ur dàta pearsanta a sguabadh às
- A' chòir air gluasadachd ur dàta

Tha còir agaibh cuideachd gearan a chur a-steach gu Oifis Choimiseanair an Fhiosrachaidh mu làimhseachadh ur dàta.

'S e Oifis Choimiseanair an Fhiosrachaidh an t-ughdarras neo-eisimeileachd a stèidheachadh airson còraichean fiosrachaidh a sheasamh ann an ùidh a' phobaill. 'S e www.ico.org.uk an làrach-lìn.